



University of the
Highlands and Islands
West Highland College

Oilthigh na Gaidhealtachd
agus nan Eilean
Colaiste na Gaidhealtachd an Iar

Còd Giùlain nan



Rùn

Tha Còd Giùlain nan Oileanach ag innse na tha air a shùileachadh bho oileanaich a tha clàraichte aig, Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus gach Pàirtear Acadaimigeach.

Bidh aig gach oileanach ri iad fhèin a ghiùlan gu h-ìomchaidh mu choinneamh oileanaich eile, luchd-obrach agus bhuidhnean bhon taobh a-muigh.

Bidh briseadh air Còd Giùlain nan Oileanach air a dèiligeadh ris mar mhì-ghiùlan agus thèid a làimhseachadh a rèir nam modhan-obrach ìomchaidh air an togail bhon chraoibh-roghainn ann an Eàrr-ràdh 2 den Phoileasaidh A' Brosnachadh Àrainneachd-ionnsachaidh Dheimhinneach.

Tha an t-Oilthigh agus a Phàirtearan Acadaimigeach airson a bhith reusanta anns an dòigh a dhèiligeas iad ri casaid no mì-ghiùlan dearbhte oileanaich. Bidh sinn a' feuchainn ri cothromachadh maith gach oileanaich, luchd-obrach, choimhearsnachdan ionadail, ghnìomhachasan agus bhuidhnean eile leis a bheil sinn a' feuchainn ri deagh cheanglaichean a chumail.

Giùlan a tha air a shùileachadh bho oileanaich

Tha e an dùil gun cùm oileanaich an Còd Giùlain cho fad 's a bhios iad ag ionnsachadh. Tha an Còd Giùlain a' bualadh air giùlan ann an suidheachaidhean corporra agus air-loidhne. Tha e air a shùileachadh bho oileanaich:

- Uallach a ghabhail airson nan gnìomhan agus a' mhodha aca fhèin
- Iad fhèin a ghiùlan ann an dòigh a bhrosnaicheas spèis agus tuigse eadar gach ball den choimhearsnachd againn
- A bhith ag obair taobh a-staigh an lagha agus gun a bhith ri gnìomh no cleachdadh a tharraingeas mì-chliù air an Oilthigh no a Phàirtearan Acadaimigeach
- Gun cuir iad luach air na deagh cheanglaichean a tha aig an Oilthigh agus aig a Phàirtearan Acadaimigeach le coimhearsnachdan ionadail, gnìomhachasan agus buidhnean eile
- A bhith a' cumail air taobh a-staigh an lagha agus gun a bhith ri gnìomh no modh a dh'fhaodadh dimeas a thoirt air an Oilthigh no na Pàirtearan Acadaimigeach
- Gun seachnaich iad dòigh-ghiùlain agus dòigh-bruidhinn a bheir oilbheum, m.e. a bhith ri droch-chainnt no cainnt dhrabasta no a bhith leth-bhreitheach no ana-shòisealta
- Gun làimhsich iad sealbh an Oilthigh agus gach le faiceall
- Gun gabh iad ri iarrtasan luchd-obrach
- Gun gabh iad ri poileasaidhean Slàinte is Sàbhailteachd agus pròtacalan (rabhaidhean teine nam measg) agus gun gabh iad ri atharrachadh sealach sam bith fhad 's a bhios càradh no ath-nuadhachadh a' dol air adhart



A' leigeil fios mu bhrisidhean air Còd Giùlain nan Oileanach

Ma tha oileanach den bheachd gun deach Còd Giùlain nan Oileanach a bhriseadh air dòigh sam bith, faodaidh iad seo innse do neach-obrach.

Ma thachras gum bi rud pearsanta no nàireach ri innse, faodaidh oileanaich an gnothach innse do neach-obrach sa bheil earbsa aca no faodaidh iad bruidhinn ri riochdaire bho Chomann Oileanach na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Bu chòir do oileanaich a chuimhneachadh gur e briseadh Còd Giùlain nan Oileanach a tha ann a bhith a' cur chasaidean leamhadach no guineach an aghaidh neach.

Giùlan a bhios air a mheas mar mhì-ghiùlan

Tha an clàr gu h-ìosal a' toirt eisimpleirean den t-seòrsa giùlain a tha air am meas mar mhì-ghiùlan. Dh'fhaodadh an giùlan sin a bhith labhairteach, corporra no sgrìobhte, aghaidh ri aghaidh no air-loidhne. Chan eil an liosta seo iomlan agus faodaidh casaidean a bhith air an togail an aghaidh mì-ghiùlan eile. Far a bheil amharas reusanta ann gun do bhris oileanach Còd Giùlain nan Oileanach, faodaidh luchd-obrach rannsachadh a chur air dòigh.

Daoine

Adhbhar Smachdachaidh	Eisimpleirean de giùlan nach gabhar ris
Mì-ghiùlan Corporra	<ul style="list-style-type: none">· A' cleachdadh armachd· A' toirt dòrn· A' toirt buile coise· A' toirt sgleog· A' tarraing falt· A' bìdeadh· A' tilgeil smugaid· A' putadh· A' brùthadh a-null 's a-nall
Mì-ghiùlan Feiseil, Fòirneart air Sgàth Gnè agus Gairisneachd	<ul style="list-style-type: none">· Ri feise no ri gnìomh feise gun chead· A' feuchainn ri bhith ri feise no a bhith ri gnìomh feise gun chead· A' sgaoileadh stuthan feiseil prìobhaideach a bhuineas do neach eile gun chead· A' pògadh gun chead· A' suathadh gu mì-iomchaidh tro aodach neach eile gun chead· A' taisbeanadh buill-gineamhainn do neach eile gu mì-iomchaidh· Daonnan a' leantainn neach eile gun adhbhar· Ri cainnt dhrabasta nach eil daoine ag iarraidh· A' lorgachadh· Sàrachadh no dol air adhart sam bith a nì dimeas air spèis neach, no a chruthaicheas suidheachadh eagallach, nàimhdeil, tàmailteach, suarachail, no oilbheumach dhaibh, a tha a' buntainn dhan ghnè, dhan stèidheachadh gnèitheasach no dhan dearbh-aithne gnè aca (coimhead cuideachd air an earrain gu h-ìosal mu fhòirneart air sgàth gnè)· Ri gnìomhan feise air fàrdaichean an Oilthigh no nam Pàrtearan Acadaimigeach (chan eil seo a' gabhail a-steach thallachan-còmhnaidh)

Daoine

Adhbhar Smachdachaidh	Eisimpleirean de ghiùlan nach gabhar ris
<p>Ana-chainnt, Bagairt, agus Mi-ghiùlan Sàith-teach</p>	<ul style="list-style-type: none"> · A' giùlan armachd · A' bagairt neach eile a ghortachadh · A' radaigeachadh feadhainn eile no a' sgaoileadh fiosrachadh co-cheangailte ri eastreamachas · Ana-cainnt a thaobh gnè, stèidheachadh gnèitheasach, creideamh no cràbhachd, cinneadh, leatromachd/màthrachas/com-pàirteachas sìobhalta, ath-bhuileachadh gnè, ciorramachd no aois. · Burraidheachd no claidheachd (siobar-burraidheachd nam measg) · A' maoidheadh no a' spochadh · Ri cainnt mì-iomchaidh · Daonnan a' conaltradh gun iarraidh ri neach eile (fòn, post-d, teacsa, no na meadhanan sòisealta) · Casaidean draghail no guineach · A' dèanamh clàradh claisteach no bhidio de luchd-obrach no oileanaich gun fhiosta dhaibh agus/no gun chead
<p>Alcol, Stuthan Cuingealaichte agus Cuingaidhean-leighis Òrdaichte</p>	<ul style="list-style-type: none"> · A' solarachadh no an sàs ann an solarachadh stuthan ceannsaichte no chungaidhean-leighis neo-òrdaichte · A' solarachadh no an sàs ann an solarachadh alcol do dhaoine fo aois no ann an àrainnean far a bheil casg air alcol · A' cleachdadh stuthan ceannsaichte air campas sam bith · Ag òl alcol aig àm sam bith ro ghabhail pàirt ann an obair phragtaigeach · Gun a bhith ag innse do luchd-obrach mu bhuidhean chungaidhean-leighis òrdaichte far am faod seo an t-oileanach fhèin, oileanaich no luchd-obrach eile a chur ann an cunnart
<p>Mì-ghiùlan Acadaimigeach</p>	<ul style="list-style-type: none"> - Co-obrachadh mì-laghail: ag obair còmhla ri feadhainn eile gus measadh a choileanadh nuair a dh'fheumas measadh a bhith air a choileanadh leis an oileanach fhèin. - A' copaigeadh obair oileanach eile (le ICT cuideachd) - Susbaint ghòrach – a' cur a-steach stuth nach boin dhan mheasadh - Susbaint oilbheumach mar stuthan a tha mì-iomchaidh, oilbheumach, leth-bhreitheach no drabastach - Giùlan mì-iomchaidh a bhios a' dèanamh dragh do oileanaich eile fhad 's a tha measadh a' gabhail àite. Tha seo a' toirt a-steach èigheachd agus/no giùlan no cainnt ionnsaigheach. - Mèirle-sgrìobhaidh: gun aithne a thoirt gu ceart do thùsan (fèin-mhèirle-sgrìobhaidh na lùib), agus/no a' tabhainn obair neach eile mar an obair aig an oileanach fhèin. - Ri foill: mar as trice le goireas nach eil ceadaichte. - Fhad 's a tha measadh a' dol air adhart, stuthan nach eil ceadaichte a bhith aig neach, mar (ach, chan ann a-mhàin) fònaichean-làimhe, cluicheadairean MP3, notaichean. - A' dèanamh suas no a' breugnachadh dàta - A' leigeil ort gur e cuideigin eile a tha annad. <p>· Thèid mì-ghiùlan acadaimigeach a rannsachadh anns a' chumantas a rèir a' mhodha iomchaidh airson dèiligeadh ri Mi-ghiùlan Acadaimigeach. Cuideachd, faodaidh tachartasan a bhith air an rannsachadh a rèir a' Mhodh Smachdachaidh, m.e. ma tha cleachdadh sealbh gun chead, no giùlan bagairteach na lùib agus m.s.a.a.</p> <p>· Faodaidh Mi-ghiùlan Acadaimigeach aithisg adhbhrachadh bhon Oilthigh no bhon Phàirtear Acadaimigeach a thèid gu buidheann dhuaisean a-muigh no gu Buidhnean Proifeiseanta, Reachdail agus Riaghlaidh no (PSRB).</p>

Sealbh

Adhbhar Smachdachaidh	Eisimpleirean de ghiùlan nach gabhar ris
Milleadh Seilbh	<ul style="list-style-type: none"> · A' dèanamh milleadh air sealbh sam bith le, agus/no dhan Oilthigh, a' toirt a-staigh sealbh luchd-obrach agus oileanaich
A' Falbh le no a' Cleachdadh Sealbh gun Chead	<ul style="list-style-type: none"> · A' dol a-staigh gu no a' cleachdadh fardaichean, agus/no leis an Oilthigh gun chead · A' falbh le sealbh neach eile gun chead · A' mì-chleachdadh sealbh agus/no an Oilthigh (mar eisimpleir compùtairean, uidheam às na bùthan-obrach agus às na h-obair-lannan)
Ag Adhbhrachadh Dragh mu Shlàinte no Tèarainteachd	<ul style="list-style-type: none"> · Giùlan no gnìomh a dh'adhbhraicheas dragh mu shlàinte no tèarainteachd dhaoine, bheathaichean no na h-àrainneachd. · Gnìomh/ rud nach do rinneadh/leibiteachd a dh'adhbhraich no a dh'fhaodadh cron adhbhrachadh air agus/no fardaichean an Oilthigh no fhad 's a tha tachartasan a' dol air adhart (mar eisimpleir, a' beantainn ri uidheamachd casg teine, a' smocadh thoitean, no a' bheupadh ann an àitean nach eil comharraichte, mì-chleachdadh uidheamachd, gun cumail ri protocolan tèarainteachd)

Buidheann

Adhbhar Smachdachaidh	Eisimpleirean de ghiùlan nach gabhar ris
A' Cur Bacadh air Obair	<ul style="list-style-type: none"> · Gnìomhan/rudan nach do rinneadh/briathran a tha airson/no an Oilthigh a mhealladh no mì-ghiùlan feadhainn eile a chleith · Obair/no an Oilthigh a mhilleadh no a bhacadh (a' gabhail a-steach obair acadaimigeach, rianachd, spòrs, agus sòisealta) · A' bacadh obraichean, dleastanasan, no gnìomhan oileanaich no neach-obrach no neach aig a bheil cead-tadhail air agus/no an Oilthigh · Foill, meall-sgrìobhadh, a' cleachdadh maoin gun chead, mì-chleachdadh air maoin, a' toirt a-steach gnìomhan co-cheangailte ri maoin-taic nan oileanach, tar-sgaoileadh tàille, maoin rannsachaidh, sgoilearachasan agus msaa. · Bribearachd / oidhirp air bribearachd · Briseadh Poileasaidh Ghearanan Sàrachail agus Leantainneach
Milleadh Cliù	<ul style="list-style-type: none"> · Giùlan a tha air milleadh a dhèanamh, a dh'fhaodadh milleadh a dhèanamh, no is dòcha a nì milleadh air cliù agus/no an Oilthigh

Fòirneart Air Sgàth Gnè

Tha fòirneart air sgàth gnè (GBV) na phàirt de neo-ionannachd gnè, agus anns a' chumantas 's e mì-chleachdadh cumhachd agus pribhleid nam fireannach a tha ann. Nochdaidh e ann an gnìomhan a nì cron gu corporra, no a nì dì-meas air an uaisleachd daonna aca. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' bagairt an leithid de gnìomhan orra, fòirneadh no saorsa a thoirt bhuapa air thuairmeas, co-dhiù sa bheatha phoblaich no phrìobhaidich.

Ged a tha e aithnichte gu bheil fòirneart air sgàth gnè a' bualadh air boireannaich airson a' chuid as motha agus gur iad fir a nì seo, faodaidh seo bualadh air neach de aois, gnè, stèidheachadh gnèitheasach, creideamh no cinneadh sam bith.

- Droch-dhiol san dachaigh (smachd fòirnidh na lùib)
- A' lorgachadh
- Sàrachadh no dol air adhart sam bith a tha airson dìmeas a dhèanamh air spèis neach, no a chruthaicheas suidheachadh eagallach, nàimhdeil, tàmailteach, suarachail, no oibheumach dhaibh, a tha a' buntainn dhan ghnè, stèidheachadh gnèitheasach no dhan dearbh-aithne gnè aca
- Èigneachadh agus ionnsaigh dhrabasta
- Droch-dhiol gnèitheasach air leanabh agus air leanabas
- Dubh-shaothrachadh gnèitheasach airson malairt, a' gabhail a-steach siùrsachd, pòrnografachd, agus trafaigeachd
- Milleadh buill-ghineamhainn boireannaich
- Pòsadh-sparraichte agus pòsaidhean chloinne
- Droch-dhiol bho bhuill an teaghlach, eucoir fhòirneartach co-cheangailte ri 'onair' mar a tha aca air agus ri tochraichean
- A' bagairt an leithid de rud orra, fòirneadh no saorsa a thoirt bhuapa air thuairmeas, co-dhiù sa bheatha phoblaich no phrìobhaidich

Chan eil an t-Oilthigh no Pàirtearan Acadaimigeach a' gabhail ri fòirneart air sgàth gnè. Tha sinn gu mòr airson a bhith ag obair còmhla ri buidhnean ionadail iomchaidh gus taic a thoirt don fheadhainn a dh'fhulaingeas fòirneart air sgàth gnè, agus tha seo a' toirt a-steach a bhith a' cuideachadh an fheadhainn a dh'fhulaing gus innse don phoileas mu eucoirean a shaoil iad a chaidh a dhèanamh.

Cuideachd, faodar dèiligeadh ri casaidean no tachartasan de fhòirneart air sgàth gnè mar bhriseadh air Còd Giùlain nan Oileanach agus theid na modhan dligheach a chur an gnìomh.

Gnìomh Ro-shealltaineach

Far a bheil casaid de mhì-ghiùlan ann, dh'fhaodadh gum bi oileanach toirmisgte bho gus am bi an rannsachadh seachad ma tha cunnart ann dhaibh fhèin, no do oileanaich no luchd-obrach eile. Fhad 's a bhios seo a' dol air adhart, faodaidh iad cumail orra leis na sgrùdaidhean aca far a' champais agus gheibh iad maoineachadh sam bith air a bheil iad airidh mar oileanaich. Chan e peanas a tha anns a' ghnìomh ro-shealltaineach seo, ach tha e mar dhòigh airson gach taobh a dhìon.

Gnìomh Smachdachaidh

An dèidh an rannsachaidh, faodaidh smachdachadh a bhith ann mar, ach chan fheum e a bhith cuingealaichte ri: leisgeul ann an sgrìobhadh dhan neach a bha air a leimheachadh; òrdugh gus bùth-obrach/seisean coidsidh a fhrithealadh; bacaidhean/cumhachan air fhrithealadh; rabhadh labhairte; rabhadh ann an sgrìobhadh; càin airson milleadh a dh'aona-ghnothach, mèirle no uidheamachd gun a thilleadh; casg bhon chùrsa; call clàraidh (oileanaich-rannsachaidh for-cheumnach); call duais an oilthigh; buan-chasg bhon Oilthigh agus bho gach Pàirtair Acadaimigeach.

Bidh an gnìomh smachdachaidh co-rèireach agus bheir e fa-near do gach iall den mhì-ghiùlan.

Faodaidh mì-ghiùlain tric a bhith na bu mhiosa na mì-ghiùlan a thachair aon turas. Faodaidh beachd a ghabhail air na thachair anns an àm a chaidh nuair a thèid beachdachadh air dè an gnìomh smachdachaidh a bu chòir a chur an sàs.

A rèir a' bhreithneachaidh, dh'fhaodadh oileanaich a bhith ann an cunnart maoineachadh-taic nan oileanach a chall agus dh'fhaodadh gun tèid iarraidh orra na tàilleann taoitearachd aca a phàigheadh gu h-iomlan.

Casaid de mhì-ghiùlain a dh'fhaodadh a bhith na eucoir

Far am faod mì-ghiùlan a bhith air a mheas na eucoir, cleachdaidh, an t-Oilthigh agus Pàirtearan Acadaimigeach na prionnsabalan a leanas:

- 1) 1) Gheibh modh-obrach airson eucoir prìomhachas agus thèid modh-obrach smachdachaidh a-staigh a chur gu aon taobh gus an tig tuilleadh stiùiridh bhon phoileas.
- 2) Thèid beachdachadh am bu chòir gnìomh ro-shealltaineach a chur an gnìomh a rèir Prìomh Mhodhan-obrach Dìon. Tha seo a' toirt
a- steach measadh riosgan agus dh'fhaodadh seo adhbhrachadh gnìomhan reusanta agus co-rèireach a chur air dòigh m.e. cumhachan a chur an sàs, a' casg bho phàirt de no bho gach togalach leis an Oilthigh no na Pàirtearan Acadaimigeach, agus/no a' call cothrom air seirbhisean.
- 3) Far a bheil seo iomchaidh, dh'fhaodadh ceum reusanta, co-rèireach a bhith air a chur an sàs do gach taobh.
- 4) Ge bith dè thig às a' phròiseas laghail, dh'fhaodadh gun coimhead, an t-Oilthigh agus na Pàirtearan Acadaimigeach air a' ghnòthach mar ghnòthach smachdachaidh taobh a-staigh an Oilthigh.

A thaobh 4), far a bheil oileanach air a dhìteadh, air a chur air fhaiceall, no air rabhadh fhaighinn airson eucoir, faodar ghabhail

ri seo mar fhianais ann an cùis smachdachaidh sam bith ma tha na gnothaichean ceangailte ris an dìteadh a' buntainn gu dìreach dhan chasaid. Faodaidh binn no òrdugh sam bith a tha air a thoirt seachad le cùirt a bhith air a ghabhail a-steach nuair a thèid smachd-bhann sam bith a thoirt seachad.

Ìrean Proifeiseanta agus Freagarrachd airson Dreuchd

Tha oileanaich a tha air cùrsaichean barantaichte le Buidhnean Proifeiseanta, Reachdail, agus Riaghlaidh (PSRB) fo shlatan-tomhais proifeiseanta agus/ no Còdan Giùlain a chuir PSRB a-mach. Gheibh an t-oileanach stiùireadh aig toiseach a' chùrsa aca ma tha seo a' buntainn dhaibhsan.

Faodar briseadh sam bith air Còd Giùlain nan Oileanach no na slatan-tomhais proifeiseanta a dh'aithris dhan PSRB gu dìreach agus/no rannsachadh Freagarrachd airson Dreuchd a thòiseachadh.

Le seo dh'fhaodadh oileanach a bhith air a tharraing bho chùrsa, an obair aca a chall, a bhith air an casg bho obair san dreuchd sin, agus/no dh'fhaodadh rannsachadh eucoir a bhith ann.